

# MISE

... AGUS MO SHAOGHAL NĀDARRA

ÀS1:2



# AONAD ÅS1:1

## Anns an aonad seo, bidh thu:

- a' leasachadh nan sgilean èisteachd agus nan sgilean leughaidh agad tro theacsainchean ficsean agus fiosrachail.
- a' sgrùdadadh agus a' measadh bàrdachd agus rosg.
- a' cruthachadh nam pìosan sgrìobhaidh a leanas:
  - **Dà dhàn (haiku agus òran molaidh)**
  - **Dà phostair - fear mu bheathach/chraobh agus fear mu eilean**
- a' leasachadh nan sgilean labhairt agad le òraid mu do bheatha san sgoil agus còmhradh sa chlas.
- a' leasachadh nan sgilean càinain agad.



Halò! Fàilte air ais agus fàilte dhan dùthaich!

Anns an aonad seo, bidh sinn a' rannsachadh an stòrais nàdarra a th' againn ann an Alba agus ann an Gàidhlig.

Bha na Gàidheil riamh gu math faisg air an t-saoghal nàdarra, agus thug sin buaidh mhòr air a' chànan agus air tòrr de na rudan a bhios sinn ag ràdh gu cumanta anns a' chànan - leithid na mìosan is eile.

'S e dùthaich bhrèagha a th' ann an Alba cuideachd agus tha an tìr gu math corrach agus cnocach. Tha iomadh facal diofraichte againn airson bheanntan is eile, agus tha seo ri fhaicinn air mapaicheadh air feadh na dùthcha. Tha luchd-coiseachd agus sreapadairean a' cur eòlas air na h-ainmean seo fad na h-ùine.

Tha mi an dòchas gun còrd a' chuairt tro na gleanntan, na coilltean agus na tràighean ribh uile.

Le meas,

# Goiridh



# CLÀR-INNSE

## Pàirt A – Air an Tìr

1. Croitearachd
2. Na Fèidh
3. Haiku
4. Biastagan



## Pàirt B – San larmailt

5. Na h-Eòin
6. Na h-Eòin Dhubha
7. Eun Neònach



## Pàirt C – Craobhan

8. A' Chraobh lubhair
9. Aibideil nan Craobh



## Pàirt D – Aig Muir

10. Beathaichean na Mara agus Èisg
11. Air a' Chladach
12. A' Chlann Bheaga 's na Ròin
13. Na Maighdinn-ròin



## Pàirt E – Rudan Eile...

14. Greta Thunberg
15. Am Machaire
16. Gàidheil XR
17. Dualchainntean – Obair Pròiseact
18. Cruth na Tire
19. Moladh Àite
20. Dèan Òran



Measadh a h-aon: Air an Taobh an lar



Measadh a dhà: Eilean Raonaid



Measadh a trì: Scalpaigh na Hearadh




Measadh a ceithir: Tìr nam Beann-Ceann a Tuath na Hearadh




# PĀIRT A - AIR AN TĪR

## 1. Croitearachd



'S e siostam àiteachais a th' ann an croitearachd a tha cumanta anns na h-Eileanan agus air a' Ghàidhealtachd. Tha eachdraidh fhada aig croitearachd agus tha e air leasachadh thar nam bliadhnaichean.

'S dòcha gu bheil thu fhèin eòlach air daoine a tha nan croitearan?





## Obair 1

Èist ris an earrann agus freagair na ceistean a leanas airson gach pàirt.

### Earrann A

- i. Cò às a tha Murchadh?
- ii. Dè cho fad 's a bhios an talamh le Murchadh?
- iii. Cò nach eil cho tèrainte ris na croitearan a thaobh chòraichean?

### Earrann B

- iv. Dè an ceangal a tha aig Murchadh ris an fhearann?
- v. Cuin a ghabh Murchadh a' chroit os làimh?
- vi. Ainmich dà rud a bhios Murchadh a' dèanamh anns a' mhadainn.
- vii. Càit am bi e nuair a bhios an t-sìde ro fhliuch?



### Earrann C

- viii. Dè dh'fheumas croitearan a dhèanamh airson airgead eile a thoirt a-steach?
- ix. Carson a tha e doirbh do dhaoine òg tùiseachadh ann an croitearachd?
- x. Cò bhios a' cuideachadh Mhurchaidh leis na foirmean aige?
- xi. Dè tha cudromach airson croitearachd san àm ri teachd?



## Obair 2

a) Coimhead air na bhidiothan seo:

So Here I Am - 100 Years of Crofting

[https://www.youtube.com/watch?v=FfCv\\_pesimY](https://www.youtube.com/watch?v=FfCv_pesimY)

<https://www.youtube.com/watch?v=LB0a0cHnt3s>

b) Dèan rannsachadh air croitearachd air làrach-lin

Coimisean na Croitearachd:

<http://www.crofting.scotland.gov.uk/dachaigh?language=gd>

c) Thoir cuireadh do chroitear tighinn a-steach dhan sgoil airson bruidhinn ribh mun obair aca.






### Obair 3

Bidh tuathanaich ag obair le grunn math bheathaichean. Cleachd an t-eòlas agad fhèin agus facclair airson na faclan a lorg airson nam beathaichean cumanta seo.

'S dòcha gum bi barrachd air aon fhacal ann airson gach beathach a rèir dualchainnt agus aois. (Bidh seo a' tachairt le caoraich gu h-àraigdh.)

#### Fireann



each  
àigeach  
cullach

#### Boireann

làir  
capall


#### ÀI

searrach


#### lolra

eich


#### tarbh



#### muc



#### uan



#### meann gobhair



#### cearc



#### saidh





## 2. Na Fèidh



### Obair 1

**Leugh an earrann a leanas agus freagair na ceistean air a shon.**

An cuala tu riamh an seanfhacal Gàidhlig, "Cho fallain ri fiadh"? Bha am fiadh riamh ga fhacinn mar bheathach a bha làidir, fallain agus a bha beò gu math fada. Chan eil mòran bheathaichean le uiread de cheangal ris na Gàidheil agus ris a' Ghàidhealtachd ris na fèidh. Tha am facial fiadhaich a' tighinn on fhacal fiadh agus tha am beathach ga chleachdadadh mar ìomhaigh air nàdar na h-Alba gu h-eadar-nàiseanta.

'S e fear de na pìosan ealain as ainmeile ann an Alba "The Monarch of the Glen" leis an Ridire Edwin Landseer. Tha an dealbh ann an Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba, ach ghabh e cuairt ann an Alba o chionn ghoirid agus bha mòran airson an dealbh fhaicinn.

Tha mòran briathrachais co-cheangailte ris na fèidh. Is e damh a chanas sinn ri fiadh fireann agus 's e eilid no earb a chanas sinn ri fiadh boireann. Is e cabrach a chanar ri damh a tha nas sine. 'S e an Dàmhair a chanas iad ris an àm a biodh na daimh a' sabaid airson aire nan èildean!

'S e mang a chanadh iad ri laogh-fèidh, no fiadh òg, nach robh nas sine na bliadhna a dh'aois.

Ach chan ann a-mhàin co-cheangailte ris na beathaichean fhèin a tha mòran fhaclan. Is e cabar a chanas sinn ris na h-adhaircean a bhios air fèidh agus tha buadhairean co-cheangailte ri seo cuideachd - cabrach agus crògach. Tha an 'cabar-fèidh' glè chudromach mar shuaicheantas do Shiorrachd Rois agus Clann MhicCoinnich a bha uaireigin a' riaghlaadh tòrr dhen sgìre mhòr,





fhiadhaich sin.

A bharrachd air cruth nam beatthaichean, tha faclan sònraichte airson nam fuaimnean a bhios iad a' dèanamh. 'S e langan am fuaim a nì fiadh nuair a bhios e a' langanaich agus 's e bùirich is raoicich a nì na daimh nuair a bhios iad a' dèanamh fuaim aig an dàmhair.

Tha faclan co-cheangailte ri fèidh a' nochdadhlair feadh Alba, mar eisimpleir, Innis nan Damh air Taobh Siar Rois. Tha am facial agh, a' ciallachadh fiadh cuideachd, cumanta ann am bàrdachd agus ainmean-àite. Tha dà bheinn leis an ainm Meall nan Aighean (Mòr agus Beag) faisg air Inbhir Nis, ach tha tè nas ainmeile leis an aon ainm a tha na beinn Rothach ann an Siorrachd Pheairt, agus gu dearbh tha grèighean fèidh rim faicinn faisg air mullach nam beann seo uile.

Ged a tha faclan a' buntainn ri fèidh glè phailt, ma tha pailteas de dh'fhèidh fhèin ann, chan e rud math a th' ann. Nì cus fèidh cron mòr air coiltean, gu h-àraidh air craobhan ùra, ach tha iad cuideachd nan cunnart do dhràibhearan air na rathaidean dùthchail air a' Ghàidhealtachd. Leis nach eil sealgairean nàdarra mar mhadaidhean-allaidh san dùthaich, tha e an urra ri daoine a bhith a' cumail smachd orra tro shealg agus spadadh.

Gu math tric, tha an t-uallach seo a' laighe air oighreachdan prìobhaideach a tha a' dèanamh airgead à daoine beairteach a bhios a' tighinn a shealg. Tha e math dhaibh àireamhan mòra de fhèidh a bhith ann. Air an làimh eile, tha buidhnean ann a tha gu dubh an aghaidh sealg agus mar sin tha iad an aghaidh spadadh a dh'aona-ghnothaich airson smachd a chumail air na fèidh. Tha Dualchas Nàdair na h-Alba a' feuchainn ri na h-àireamhan a chumail sìos ach tha e doirbh. Ach 's dòcha gu bheil fuasgladh ann.

'S e sitheann an fheòil a gheibhear o fhiadh, ged tha am facial seo ga chleachdadhlair feòil eòin agus feòil choineanaich ann an cuid de sgìrean cuideachd. Tha tuathanasan fhèidh ann a bhios a' togail fhèidh airson na margaidh, agus tha an gnìomhachas seo air fàs gu math mòr anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh. Tha sitheann ga mheas mar fheòil glè fhallain leis cho beag de shaill 's a tha innte. Is mathaid gu bheil an seanfhacal cho fallain ri fiadh flor fhathast.



- a. Carson a bha an seannfhacal "cho fallain ri fiadh" ann?
- b. Càit am faicear Monarch of the Glen mar as trice?
- c. Dè a' chiall a tha aig...?
  - i. damh
  - ii. eilid/earb
  - iii. cabrach
  - iv. mang
- d. Minich dè th' anns an dàmhair.
- e. Cò dha a bha an cabar-fèidh cudromach?
- f. Càit a bheil Meall nan Aighean?
- g. Ainmich dà rud nach eil cho math mu dheidhinn pailteas de dh'fhèidh.
- h. Dè nach eil ann airson àireamhan nam fiadh a chumail sìos?
- i. Cò tha dèidheil air àireamhan mòra de dh'fhèidh?  
Thoir adhbhar airson seo.
- j. Minich dè tha ann an sitheann nad fhaclan fhèin.  
Carson a tha fèill mhòr air?
- k. Dè an seòrsa earrainn a tha seo?  
Thoir adhbhar airson do bheachd.




## Obair 2

- a. Cruthaich postair a tha a' sealltainn cuid de na faclan diofraichte co-cheangailte ri fèidh. Cleachd [faclair.com](http://faclair.com) airson briathrachas a chruinneachadh.
- b. Ma tha thu a' fuireach ann an sgìre far a bheil mòran dhaoine le Gàidhlig, faigh a-mach mu na faclan a bhios iadsan a' cleachdadadh.



### Obair 3

Dè a' Ghàidhlig a tha air na beathaichean fiadhaich seo?



### 3. Haiku



*Stoirm a' gheamhraidh  
Dh'fhalaich i san doire chuilcean\*  
'S dh'fhàs i sàmhach*

**Stoirm a' Gheamhraidh - Matsuo Bashō (1644 - 1694)**

\*Cuilc - Bambù

冬の富士 日星おほらかに 又きびし

*Beinn Fuji sa gheamhradh  
A' ghrian 's na reultan cridheil  
Agus teann.*

**Lida Dakotsu (1885 - 1962)**

'S e stoidhle bàrdachd a th' ann an Haiku a thàinig à Iapan. Is e cruth gu math sònraichte a th' air Haiku a bhios a' feuchainn ri cuspair a chur an cèill taobh a-staigh trì loidhnichean. Feumar còig lidean a-mhàin a chleachdad a anns a' chiad loidhne, seachd lidean san dara loidhne, agus còig lidean san treas loidhne.

Cha bhi Haiku a' còmharradh mar as trice.

Tha haiku feumail ionnsachadh a chionn 's gum bi agad ri smaoineachadh air na lidean a nì suas faclan sa chànan. Tha iad cuideachd feumail a chionn 's gum feum thu a bhith glè theann a thaobh mar a bhios tu a' cleachdad a' chànan. Feumaidh sibh glè bheag de fhaclan math a chleachdad airson iomradh a thoirt air a' chuspair.



nam stad air an t-Sìthean Mhòr, cho sàmhach,  
fad' às langanaich  
is làmhach



seadh, an sneachd' a bh' ann cia mheud troigh  
gu h-àrd air Sgùrr nan Caorach an t-seachdain a  
chaidh,  
seall an-diugh 's gun sgeul air bloigh



craobh-chritheach air chrith  
air bruach Allt na Bèiste sa chamhanaich  
is corra-ghritheach gun char sam bith



seileach a' cromadh  
ann an Allt na Bèiste 's ri thaobh  
fàileadh na cluain' air a lomadh



eadar an tuil 's an tràigh  
ann an dà dhiog aig Camas Darach,  
uisge 's grian an àigh



lon-dubh air a leòn aig lòn  
ann an Leitir Chailllich là ciùin  
gun charachadh ann, mo bhròn



sa Choille Bhig, nach iad a tha dàna  
's iad a' sealltainn orm gun char asta,  
na h-eilidean bàna



## Obair 1

Tha a' mhòr-chuid de haiku mu nàdar agus mar sin tha e feumail an dèanamh mar chlas.

Tha thusa a' dol a sgrìobhadh haiku mu bheathach no eun as toigh leat, air neo àite a-muigh air an dùthaich a tha a' còrdadh riut.

Smaoinich air na leanas ...



A bheil  
blas air?



Dè tha thu  
a' cluinntinn?



A bheil  
fàileadh ann?  
Ciamar a tha e  
a' faireachdainn?



Dè tha thu  
a' faicinn?



Ged a tha haiku gu math goirid, tha tòrr obair nan lùib. Bhiodh cuid de na bàird lapanach a' cosg làithean a' feuchainn ri aon haiku a sgrìobhadh.

**Dèan cinnteach gu bheil an haiku agad:**

- pongail
- a' cleachdadadh ìomhaighean làidir
- a' feuchainn ri cumail gu teann ris na lidean

## 4. Biastagan



### Obair 1

Leugh a' bhàrdachd seo agus freagair na ceistean a tha na cois.

#### Dhan Mheanbh-chuileig

le Dòmhnaill Ruadh Choruna

Ochan ì, ochan ì  
Tha i dìreach air m' ithe.  
Ochan ì, ochan ì.

Cha teichinn-sa ron tarbh  
Ged bhiodh fearg air a' tighinn,  
Ged a chuir a' chuileag mheanbh  
Mi gu searbh gu ratriotadh.

Lean iad dhachaigh às mo dhèidh;  
Na mo bheul dhiubh bha millean;  
Is chan fhaighinn m' anail rèidh;  
Bha mo lèirsinn a' sileadh.

Chuir mi ola 'n sin air gèig;  
Chuir mi rèidh rithe tine;  
Ghabh iad uileadh an ratreut.  
Sàirdseant-mèidsear a' liodadh.


Nam biodh i uiread ri sgarbh  
'S gann nach marbhadh i mise;  
Dh'fheumainn cuireadh thoirt dhan arm  
Gus a sealg leis a' bhiodaig.

Measg an rainich tha i doirbh;  
Measg an arbhair i mireag  
'S chan eil mì ri cur air falbh  
Ach an soirbheas no tine.





- a. Saoil Carson a bhiodh e èibhinn gu bheil am bàrd a' dèanamh coimeas eadar meanbh-chuileag agus tarbh sa chiad rann?
- b. Ciamar a tha na meanbh-chuileagan a' sàrachadh a' bhàird san dàrna rann?
- c. Ciamar a tha am bàrd a' feuchainn rin sgiùrsadh san treas rann?
- d. Carson a tha am bàrd a' cleachdadadh fhaclan co-cheangailte ri cogadh agus ris an arm san dàn nad bheachd-sa?
- e. Tha dà lus - raineach agus arbhar - a' nochdadadh anns an dàn.  
Càit am faigh thu iad?
- f. Minich am facial "mireag" nad fhaclan fhèin?
- g. Dè an dà fhreagairt a tha ann dhan mheanbh-chuileig san rann mu dheireadh?



Camas nam Meanbh-chuileag ann an Diùra. NR 6617 8963

© Copyright M J Richardson and licensed for reuse under this Creative Commons Licence



## Obair 2

Ainmch gach biastag a leanas:



# PĀIRT B - SAN IARMAILT

## 5 Na h-eòin



### Obair 1

Dè a' Ghàidhlig a tha air na h-eòin seo? Cleachd an t-eadar-lòn agus/ho bruidhinn ri caraidean sa chlas airson an clàr seo a lònadh.



## 6. Na h-Eòin Dhubha



### Obair 1

Leugh an earrann agus freagair na ceistean a leanas.

Tha na h-eòin anns an teaghlaich corvidae glè phait air feadh an t-saoghail. Is iad eòin chumanta air a bheil mòran eòlach mar an fheannag, starrag, fitheach, ròcas no pioghaid. Tha iad mar as trice dubh agus bidh iad a' dèanamh fuaim coltach ri ràc.

Tha feannagan am measg nan eun as glice air an t-saoghal. 'S urrainn do dh'fheannagan agus ròcais uidheamachd shìmplidh mar gheugan a chleachdad. Chì pioghaidean iad fhèin ann an sgàthan agus aithnichidh iad am faileas san sgàthan cuideachd.

Dh'aithnicheadh o chionn fhada gun robh feannagan is an leithid glè ghlic. Bidh iad tric a' nochdadadh ann an ursgeulan agus seanchas ann an iomadh dualchas. Mar eisimpleir, bha dà fhitheach aig an dia Lochlannach, Odan, a bhiodh ag innse dha na bha a' dol air feadh an t-saoghail. Gu dearbh, ma chanas cuideigin riut, "Tha fios fithich agad", tha an duine sin a' meas gu bheil eòlas os-nàdarra agad.

Bhiodh na Ceiltich a' dèanamh ceangal eadar fithich agus cogadh oir bhiodh iad a' cruinneachadh air blàran às dèidh shabaidean mòra gus na mairbh ithe. Gu dearbh, tha ban-dia cogaidh aig na h-Èireannaich, am Mòr-Rioghain, ga samhlachadh mar fhitheach 's i air gualainn a' ghaisgich mhòir, Cù Chulainn, 's e a' bàsachadh, ann an ìomhaigh ainmeil ann am Baile Àtha Cliath.



Bhiodh cuid de na Tùsanaich Ameireaganach a' toirt àite sònraichte dhan fhitheach no dhan fheannaig, ag ràdh gun do chuir iad a' Ghrian san iarmailt air neo gun tug iad teine a-nuas on Ghrèin (agus gu math tric tha seo a' mineachadh carson a tha iad cho dubh agus gun dèan iad ràc air sgàth 's gun robh iad air an losgadh.)

Ach tha droch chliù aig feannagan cuideachd am measg chàich. Bidh feannagan ag ithe caochladh sheòrsaichean bìdh. Ithidh iad boiteagan agus biastagan beaga agus tha cliù aca mar eun-ablaich, a' ciallachadh gum bi iad ag ithe ablach - beathaichean marbh. Bidh iad a' creachadh nan neadan aig eòin eile cuideachd gus uighean a ghabhail, agus tha starragan mì-chliùiteach airson a bhith a' feuchainn ri sùilean uain ithe! Bidh croitearan agus tuathanaich a' feuchainn ri an spadadh agus tha iomadh màthair air a' Ghàidhealtachd a thug rabhadh dhan chloinn gum feum iad a bhith modhail no gun tig an starrag air an tòir gus an aon rud a dhèanamh!

Tha feannagan agus an teaghach rim faotainn air a h-uile mòr-thìr ach Antartaga. 'S dòcha gum bi iad fada nas fhaide air an t-saoghal seo na bhios an duine.





## Ceistean

- a. Càit an lorgar eòin dhen teaghach corvidae?
- b. Thoir **dà** eisimpleir a sheallas gu bheil na h-eòin seo nas comasaiche na eòin eile.
- c. Dè bha sònraichte mu fhithich Odain?
- d. Carson a tha e a' dùanamh ciall gun robh ban-dia cogaidh aig na Ceiltich ga samhlachadh mar fhitheach?
- e. Ciamaid a tha cuid de thùsanaich a' mìneachadh dath na feannaig?
- f. Mìnich **nad fhaclan fhèin** dè th' ann an eun-ablach.
- g. Dè bhiodh cuid de phàrantan ag innse dhan chloinn aca mun starraig?
- h. Dè an aon àite san t-saoghal anns nach fhaighear feannagan is an leithid?
- i. Dè an seòrsa earrainn a tha seo?  
Tagh freagairt is thoir adhbhar airson do bheachd.
  - **Fiosrachail**
  - **Sgeulachd Ghoirid**
  - **Pìos beachdail**



## 7. Eun Neònach le Fearghas MacFhionnlaigh



### Obair 1

Leugh an earrann agus freagair na ceistean na chois.

“Càite?” dh’èigh Màiri, “Chan urrainn mi fhaicinn idir!”

“Nach tu tha dall!” fhreagair Ruaraidh am feirg. Nach robh caileagan cho slaodach ’s cho gòrach. “Seall ri taobh na coill’ ud thall! Fosgail do shùilean!”

“O seadh! seadh!” thuirt a’ chaileag mu dheireadh “Bogha-froise mòr brèagh! Nach e tha àillidh! Tiugainn, a Ruaraidh, dèanamaid grèim air!”

Agus mus b’ urrainn a bràthair a freagairt, bha Màiri a’ ruith sìos an t-sliabh mar eilid òg.

“Stad!” dh’èigh Ruaraidh, àrd a chlaiginn. Cha do chòrd e ris idir nuair a smaoinich Màiri air rud roimhe fhèin. Ach cha do stad i. Bha an t-sliabh cho corrach, agus bha am feur is am fraoch cho sleamhainn is nach b’ urrainn i stad, a dheòin na dh’aindeoin.

“Fuirich riumsa!” dh’èigh e, titheach air a glacadh mus ruigeadh i am bogha-froise. Cha mhòr nach do rèinig i e, agus a làmh sìnt’ a-mach a chùm grèim a dhèanamh air a ciabhagan sruthach, nuair a thuislich Màiri gu h-obann agus thuit i am measg an fhraoch. Rinn Ruaraidh car-a-mhultean os a ceann, agus laigh iad le chèile air an druim a’ gàireachdainn agus a’ leigeil an anail.

“Nach e an t-adhar a tha gorm!” thuirt Ruaraidh mu dheireadh.





Agus seall na craobhan, cho uaine 's a tha iad an-diugh!" thuirt a phiuthar.

"A Mhàiri! Seall!" Bha am balach a' leum suas agus a' comharrachadh le a chorrag. "lolair!"

Dh'èirich Màiri cuideachd, agus sheas iad le chèile car ùine bhig a' geur-amharc air an iarmailt.

"Chan e iolair a th' ann idir," ars ise mu dheireadh. "'S e fitheach a th' ann - fitheach mòr dubh!"

"Cha chreid mi nach eil thu ceart, a Mhàiri," ars a bràthair. "Ach nach e eun neònach a th' ann?"

"Tha an t-eagal orm," thuirt a' chaileag. "Thugainn is thèid sinn am falach!"

"Nach tu tha meata," mhag Ruaraidh; ach ann an ùine nach robh fada, bha e còmhla rithe air cùlaibh carraig mhòr.

A nuas agus a nuas thàinig an t-eun coimheach, agus a sgàile mhòr dhubb a' dorchnachadh a' mhonaidh. Leig Màiri sgreuch bheag aiste nuair a chadh am faileas fuar thar an dithis chloinne.

"Tha rudeigin na bheul," chagair Ruaraidh. "Rudeigin cruinn soilleir."

"Cà'il e dol?" dh'fhaighnich Màiri a' snàgadh a-mach. Chlisg i. "Am bogha-froise! - Tha e ag itealaich a dh'ionnsaigh a' bhogha-froise!"

Agus gun teagamh, bha am fitheach an-dràsta dìreach os cionn



a' bhogha-froise bhoillsgich. Stad an t-eun, crochte car tiota san adhar, coltas beachd-achaidh air. An uair sin thum e gu h-obann sìos fon raonabogh agus suas a-rithist.

“Nach eil sin annasach!” thuirt a’ chaileag.

Dh’fhuirich am fitheach car greis a’ plapail, agus an uair sin rinn e an dearbh rud às ùr.

“Tha rudeigin neònach a’ tachairt,” thuirt Ruaraidh. “Rudeigin anabarrach neònach!”

Agus bha e ceart, oir a h-uile turas a thum an t-eun sìos is suas dh’fhàs am bogha-froise nas caoile, agus a h-uile turas bha dath eile a dhìth air. Ach cha b’ e am bogha-froise a-mhàin a bha a’ call a dhathan - bha an saoghal a’ caochladh air fad!

Bha sùilean Ruaraidh mòr le iongantas.

“Mo chreach! ’S ann a tha e a’ goid a’ bhogha-froise!”

A-rithist ’s a-rithist, thùm an t-eun mòr, seachd triopan uile-gu-lèir. Chaidh an dearg às an t-sealladh air tùs, an uair sin chadh an t-orains; an dèidh sin am buidhe, an t-uaine, an gorm, an guirmean, agus mu dheireadh thall, am purpaidh. Dh’èirich am fitheach a-nis àrd os cionn na cloinne agus thòisich e ag itealaich air ais suas a’ bheinn.

“A Ruaraidh! Seall na craobhan ’s am feur! Tha an t-uaine air falbh! - Agus chaidh am purpur às an fhraoch cuideachd! - Agus an gorm às an adhar! Tha a h-uile sòn air dhath glas - eadhon ar n-aodach fhèin!”

Sheas a’ chlann ag amharc air an eun ’s na beòil aca fosgailte. Bha a h-uile sòn glas dha-rìribh. ’S e sin a h-uile sòn ach aon - ball beag cruinn an gob an fhithich! Sa chriostal seo bha a’ deàrrsadh ’s a’ dannsadh dathan Alba air fad!

“Greas ort!” thuirt Ruaraidh, “Feumaidh sinn a dhol air a thòir!”

(bho “Cò Ghoid Am Bogha-froise?” le Fearghas Mac Fhionnlaidh, foillsichte le Oilthigh Ghlaschu 1978)

\*fa dheòigh - mu dheireadh thall

\*\*raonabhogh - facal eile airson bogha-froise



- a.** Saoil dè an aois 's a tha Ruairidh agus Màiri?  
Thoir adhbhar airson do bheachd.
- b.** Càit am faic iad am bogha-frois airson a' chiad uair?
- c.** Carson nach b' urrainn do Mhàiri sgur a ruith?
- d.** Mìnich mar a tha iad a' stad.
- e.** Nuair a bhios iad nan laighe, dè bhios iad a' toirt an aire dha?
- f.** Carson a tha an dithis a' gabhail eagal ron eun?
- g.** Dè an rud neònach a bhios an t-eun a' dèanamh?
- h.** Dè na lusan a tha gan ainmeachadh?
- i.** Dè an coltas a tha air an t-saoghal a rèir Màiri?
- j.** Càit a bheil na dathan a tha an t-eun air a ghoid?
- k.** Saoil dè thachras anns a' chòrr dhen leabhar?  
Sgrìobh geàrr-chunntas air na bhios a' tachairt.  
An uair sin, leugh **Cò Ghoid Am Bogha-froise?**  
agus faic an robh thu ceart.

# PAIRT C - CRAOBHAN

## 8. A' Chraobh iubhair



### Obair 1

Èist ris an earrann seo mun rud as fhaide a tha air a bhith beò air an t-saoghal agus a lèorgar ann an Alba fhèin - a' chraobh iubhair ann am Fartairchill ann an Siorrachd Pheirt.

- Dè tha air a ràdh mun sgìre far a bheil Fartairchill?
- Dè thuirt Walter Scott mu Ghleann Lìomhainn?
- Thoir fiosrachadh mu dhà de na trì daoine seo.
  - Daoine ann an Linn na h-Umha
  - Na Ròmanaich
  - Crìosdaidhean
- Dè cho sean 's a tha lubhar Fhartairchill co-dhiù?
- Dè thachras ma bhios geug dhen iubhar a' beantainn ris an talamh?
- Sgrìobh **aon** de fhar-ainmean na h-iubhair.
- Dè bha aig na pàganaich agus na Crìosdaidhean ann an cumantas?
- Carson nach urrainn dha a bhith cinnteach dè cho sean 's a tha an iubhar?
- Comharrach an **dà** rud a tha fior mu dheidhinn mar a bhiodh muinntir na sgìre a' cronachadh na craibhe.




Dh'fheuch iad ri leagail	
Bhiodh iad a' cur teine ris na freumhan	
Bha iad ga cleachdad airson feansaichean a thogail	
Bhiodh iad a' coiseachd troimhpe aig tiodhlacaidhean	
Thog iad eaglais le fiadh on iubhar	

- Cuin a thog iad am balla timcheall air an iubhar?
- Dè tha ri fhaicinn air an staran chun na craibhe?



## 9. Aibideil nan Craobh



(ìomhaigh o OWL Scotland/Coimisean na Coilltearachd)

Tha craobhan mar as trice uile fireann ged a tha am facal craobh fhèin boireann.

Nuair a thòisich daoine a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig, bha iad a' cleachdadadh ogham. Bha gach litir san dòigh-sgrìobhaidh seo air a h-ainmeachadh às dèidh craobhie.

An-diugh, chan eil na h-ainmean sin cho cumanta agus tha cruthan ùra is ainmean ùra air a' mhòr-chuid de na craobhan a nì suas an aibideil.



## Obair 1

Coimhead air a' bhidio seo airson fiosrachadh mu na h-ainmean ùra.

[https://www.youtube.com/watch?v=-X3eLa\\_Lqm0](https://www.youtube.com/watch?v=-X3eLa_Lqm0)

### Seann ainm

Ailm

Col

Dair

Eadha

Gort

Uath

logh

Luis

Nuin

Oir/Onn

Ruis

Suil

Teine

Ur

### Ainm ùr

Leamhan

Calltann

Darach

Critheann

Eidheann

Sgìtheach

lubhar

Caorann

Uinnseann

Conasg

Droman

Seileach

Cuileann

Fraoch





## Obair 2

Mar chlas, dèan rannsachadh air na craobhan a nì suas aibideil na Gàidhlig (duilleag 26)

Cleachd na puingean seo airson do chuideachadh gus fiosrachadh feumail a lorg ...

**Dealbh de na  
duilleagan agus  
den chraoibh  
fhèin.**

**Dè an t-ainm  
a tha air a'  
chraoibh a-nis?**

**Càit am bi  
i a' fàs?**

**Dè an seòrsa  
craoibh a th'  
innte?**

**A bheil  
sgeulachdan  
co-cheangailte  
rithe?**

**Fiosrachadh  
sam bith a tha  
iomchaidh.**

# PĀIRT D - AIG MUIR

## 10. Beathaichean na Mara agus Èisg



### Obair 1

Còmhla ri càraid, lòn an clàr seo.

Dè a' Ghàidhlig a tha air na h-èisg agus air a' mhaorach seo?



# 11 AIR A' CHLADACH



## Obair 1

Èist ris an earrann Ceud Leasan agus freagair na ceistean gu h-ìosal.



- a. Càit a bheil taigh lain?
- b. Dè nì athair lain nuair a thilleas e on obair aige?
- c. Dè tha lain a' sireadh airson biathadh?
- d. Dè lorg lain a' seòladh air a' chuan?
- e. Dè a' chiad smuain a bha aige?
- f. Dè bha màthair lain air a dhèanamh?
- g. Dè bha lain a' smaoineachadh mun sgeulachd air fad?

# 12 A' CHLANN BHEAGA 'S NA RÖIN



## Obair 1

Leugh an earrann agus freagair na ceistean a leanas.

Ròin dhubha 's ghlasa,  
Mach 's a-staigh mun tràigh,  
Mu na sgeirean beaga,  
A' plubadaich 's a' snàmh;  
Greiseag bheag ag iasgach,  
Greiseag bheag am bàrr,  
Hi hò hudaileam  
Tudaileam ta-rà.

Hi ho hudaileam, tudaileam ta-rà,  
Chunnaic mise rudeigin is cudaig aig' an dràst,  
"Dùin do bheul, a luidealaitch, feuch am faigh e dhà  
Ma tha an t-isean cuide ris, feumaidh iad an tràth."

Faic am fear beag ciar ud thall an oir an làin,  
Nach e math air iasgach, uill a chiall nach e,  
Seall e ruith nan sìolagan aig ceann shìos a' bhàigh,  
Hi hò hudaileam, tudaileam ta-rà.

Plub, plub glumagan chì mi fhèin a dhà,  
Uisd, tha còrr is ceud ann nan tigeadh iad am bàrr.  
Seall am fear beag liath ud, nach eil e math air snàmh,  
Beiridh mi air fheusaig, tudaileam ta-rà.

Ach càit an tèid na biastan ud, nuair thig am ba-bà?  
Falbhaidh iad gu Feuraidh\* is Grianamul\*\* a thàmh.  
'S e mo rùns' mo mhiann-sa gum faigh iad leabaidh bhlàth,  
Hi hò hudaileam, tudaileam ta-rà.



(Dòmhnull MacDòmhnull 'Dòmhnull Eirisgeadh' Rannan à Eilean na h-Òige.)

**sìolagan** - seòrsa de dh'iasg, caran coltach ri easgann  
\*Fiaraidh \*\*Grianamul air cuid de mhapaichean OS



- a. Dè an seòrsa facail a th' ann am plub/plubadaich agus carson a tha e èifeachdach?
- b. Dè tha am facial 'ciar' a' ciallachadh?
- c. Thoir dà eisimpleir sheallas gu bheil na ròin math air siubhal tron uisge?
- d. Saoil dè tha "nuair a thig am bà-bà" a' ciallachadh?
- e. Dè tha am bàrd an dòchas dha na ròin?
- f. Dè do bheachd air a' bhàrdachd? Thoir adhbhar airson do bheachd.
- g. Seall eisimpleir air a' chomhardadh a th' anns an dàn.



# 13 NA MAIGHDINN-RÒIN



Tha àite cudromach aig na ròin ann an cultar nan daoine a bhios a' fuireach an cois na fairge air feadh an t-saoghail. Gu h-àraidh ann an Uibhist, bha ceangal làidir aca ris na ròin, agus tha mòran sgeulachdan is òrain aca mun deidhinn. Bha cuid a' creidsinn gun robh e comasach dha na ròin tighinn air tìr, bian a chur dhiubh agus cruth duine a thoirt orra. A rèir coltais, bha cruth glè bhrèagha air na maighdinn-ròin nuair a bha iad mar seo agus 's ann mu dheidhinn fear a' glacadh tè dhiubh a tha an sgeulachd MacCodruim nan Ròn stèidhichte. Tha na sgeulachdan seo ri lorg ann an Èirinn agus anns na h-eileanan mu thuath, Arcaibh agus Sealainn far an canar selkies ris na maighdinn-ròin.

## Obair 1

Leugh an sgeulachd MacCodruim nan Ròn bhon leabhar Mar A Chuala Mise E (Stòrlann).



## Obair 2

Dèan dealbh-chluiche den sgeulachd MacCodruim nan Ròn mar chlas air neo mar sgoil. Dèan e mar dhealbh-beò air neo cuir dealbhan ris. Feuch ri chlàradh.

<https://www.storlann.co.uk/goireasan/macme-downloads/MacCodruim-nan-Ron.pdf>

## Obair 3

Èist ris a' chlàradh aig Julie Fowlis on chlàr aice Gach Sgeul - An Ròn / Ann an Caolas Od Odrum:

<https://www.youtube.com/watch?v=4kJ6e3bhgvY>



Tha An Ròn seo ag innse mu na ròin a' tighinn on mhuir is a' mireadh air an tràigh agus tha Ann an Caolas Od Odrum mu dheidhinn maighdeann-ròin ag altram a cuilein agus ag ionndrainn a leannain air tìr.

## An Ròn

“Mise nighean Rìgh-fo-Thuinn  
Fuil nan rìghrean na mo chrè -  
Ged a chì sibh mi nam ròn  
Tha mi mòrail nam thìr fhèin.


“Tìr-fo-Thuinn mo dhachaigh dhùint’  
Innis dhùthchasach nan ròn;  
Caidlidh mi air leacan sàil’,  
Mi fhìn ’s mo bhànn-chuilean òg.”

A Bhana-phrionns’ a’ Chuain Shiар,  
A bheil sgeul agad ri luaidh?  
Nach inns thu dhuinn mar a bha  
Mun do ghabh sibh tàmh sa chuan?

“Chaidh na geasan a chur oirnn  
Rè ar beò-bhith le luchd-fuath,  
'S ged a tha sinn snàmh nan caol  
'S e nàdar daonnd' tha dhuinn dual.

“Aig tràth-marbh air oidhche fèill  
Tilgidh sinn ar bèin air tràigh,  
'S cluichidh sinn nar n-òighean suairc'  
A’ crathadh ar cuaillean bànn.

“Ach a-nochd tha mi nam ròn  
Air an lic an còrs’ a’ chuain:  
'S e mo nàdar bhith toirt gaol,  
'S do chlann-daoine thug mi luaidh.”





## Ann an Caolas Od Odrum

Ann an Caolas Od Odrum far an coidleadh an ròn,  
is far nach cluinnte guth duin' ach fuaim tuinne 's glog geòidh  
Muime 'g altram a pàistean 's i gan tàladh gu ciùin,  
gu bheil tulgadh nan cuantan ga sìor luasgadh nan suain.

Hion da hion do hion da odar da  
Hion da hion do hion da odar da  
Hì o dan dao, hì o dan dao,  
Hì o dan dao odar da, odar da

Muime 'g altram a pàistean 's i gan tàladh gu ciùin,  
gu bheil tulgadh nan cuantan ga sìor luasgadh nan suain.  
An ròn rioghail a' gusgail, 'n eala guileag ri thaobh,  
a' mhaighdeann-mhara 's i bruadar anns an uaigheas air laoch.

An ròn rioghail a' gusgail, 'n eala guileag ri thaobh,  
a' mhaighdeann-mhara 's i bruadar anns an uaigheas air laoch.  
Ann an Caolas Od Odrum far an coidleadh an ròn,  
is far nach cluinnte guth duine ach fuaim tuinne 's glog geòidh.



# PĀIRT E - RUDAN EILE ...

## 14. Greta Thunberg



### Obair 1

Èist ris an earrann seo mun neach-iomairt ainmeil, Greta Thunberg agus freagair na ceistean air a shon.

Thòisich Greta Thunberg Stailc Sgoile airson na Gnàth-shìde no Skolstrejk för klimatet anns an t-Suain ann an 2018. Sguir i a dhol dhan sgoil airson trì seachdainean ri linn teas uabhasach agus teinntean fiadhaich anns an dùthaich Lochlannaich. Cha robh i ach 15 aig an àm, ach thòisich na stailcean aice a' tarraing aire a' mhòr-shluagh agus sgap an stailc air feadh an t-saoghal on uair sin.

Tha Greta air brosnachadh is spionadh a thoirt do dh'iomadh neach òg air feadh an t-saoghal a leithid a dhèanamh anns na sgirean aca fhèin. Ann an Alba, bha clann-sgoile a' diùltadh a dhol dhan sgoil air feadh na dùthcha, a' togail fianais ann an Glaschu agus Dùn Èideann, ach cuideachd ann an Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar.

Bha cuid ann a bha an aghaidh nan stailcean. Tha còir aig a' chloinn a bhith anns an sgoil oir tha foghlam sgoile deatamach airson adhartas a dhèanamh ann am beatha. 'S e am freagairt a th' aig Greta agus na co-chaidrichean aice nach eil feum ann a bhith a' dèanamh adhartas ann am foghlam mura bi saoghal ceart ann san àm ri teachd.

Chan eil Greta fhèin a' faighinn às gun chàineadh o dhaoine. Tha na beachdan làidir aice ag adbhrachadh mòran dhaoine a bhith a' fàs feargach, ach glè thric chan eil na daoine seo ga càineadh airson nam beachdan fhèin, ach dìreach airson a bhith òg, no autistic, no na boireannach. Chan eil Greta diùid ann a bhith a' freagairt riutha agus a' soilleireachadh cho ceàrr 's a tha iad, agus iomadh uair chleachd i Twitter airson magadh a dhèanamh air an luchd-càinidh aice.

'S e boireannach treun a th' ann an Greta, agus tha i a' leantainn oirre le a h-iomairt. Anns an òraid aige ris na Dùthchannan Aonaichte ann an 2018 thuirt i gum bu chòir nàire a bhith air ceannardan an t-saoghal airson na staid san robh an àrainneachd san t-saoghal.

Tha i a' feuchainn a bhith cho fior anns an teachdaireachd aice 's as urrainn dhi. Nuair a chaidh i gu co-labhairt anns na Stàitean Aonaichte, sheòl i ann bhon Roinn Eòrpa ann am bàta seach itealan a ghabhail gus an làrach carbon aice a lùghdachadh.

Tha Greta na gaisgeach do mhòran air feadh an t-saoghal agus tha i cuideachd na h-eisimpleir mhath air mar as urrainn do dh'aon neach, ge b' e dè an aois a tha iad, diofar mòr a dhèanamh.





- a. Dè bha a' tachairt anns an t-Suain a thug air Greta stailc na sgoile a dhèanamh?
- b. Dè tha a' sealltainn gun robh buaidh aig Greta air clann air feadh Alba?
- c. Carson a bha cuid an aghaidh nan stailcean?
- d. Dè an càineadh pearsanta a bhios Greta a' faighinn?
- e. Ciamar a bhios Greta a' freagairt ri daoine a bhios ga càineadh?
- f. Dè tha am facal **treun** a' ciallachadh?
  - i. làidir
  - ii. comasach
  - iii. lag
  - iv. mì-mhodhail
- g. Carson a shiubhail Greta dha na Stàitean às an Roinn Eòrpa ann am bàta-seòlaidh?
- h. Cò th' ann an Greta a rèir an neach-aithris aig deireadh na h-earrainn? Ainmich **dà** rud.




## 15. Am Machaire



### Obair 1

Leugh an earrann seo mu àrainneachd na machrach.  
Freagair na ceistean as a dhèidh.



A rèir seachas ann an Uibhist, b' àbhaist do dh'Eilean Heisgeir a bhith ceangailte ri Uibhist a Tuath nuair a bhiodh connraigheann. Chaidh an drochaid fhearainn seo a sguabhadh air falbh le tonn mòr ann an stoirm anns an t-seachdamh linn deug. Bha daoine aon uair a' fuireach annta, a' croitearachd 's ag iasagach, 's a' dèanamh ceòl 's òrain ach a-nis iad fàs, bànn.

Ged as e Eilean Heisgeir a chanar riutha, tha mòran eileanan anns a' bhuidheann bheag seo - Ceann Ear, Ceann lar agus Sibhinis na trì as mothà - agus tha iad cliùiteach airson dà rud - ròin ghlas agus àrainneachd shònraichte de mhachair.

'S e àrainneachd phriseil, shònraichte a th' ann am machraichean na h-Alba. Tha am facial machair a' ciallachadh san fharsaingeachd àite feurach, rèidh ach tha e gu sònraichte a' ciallachadh talamh ionicul ri taobh a' Chuain Shiar air cost an iar na h-Alba agus na h-Éireann. Tha na h-eisimpleirean as fheàrr rim faicinn ann an Uibhist, Tiriodh is Barraigh.

Tha àite sònraichte aig a' mhachair ann an cultar nan Gàidheal. 'S ann an sin a bhios daoine a' cumail chrodh, a' cur barr agus a' cluich ball-coise is goilf. As t-samhradh, bidh flùraichean na machrach a' tighinn beò le dathan, a' tarraig sheilleanan agus bhiastagan eile, agus bidh eòin a' neadachadh oirre. Cluinnear tric an traon a' dèanamh fuaim as t-samhradh ag ràdh 'gabh tarsainn, gabh tarsainn'.

Leis gu bheil a' mhachair air bunait de ghainmheach, bidh i a' tioramachadh glè mhath. Tha an talamh air a chumail còmhla le freumhan an fheòir, ga chumail torrach le todhar nam beathaichean a bhios air an cumail oirre.

'S e àrainneachd chaochlaideach a th' anns a' mhachair cuideachd ge-tà. Ma thèid cron a dhèanamh oirre le carbadan no innealan, bheir e ùine mhòr mus tèid a càradh. Bidh a' ghaoth agus a' mhuir a' ciallachadh gum bi an cron seo ga dhèanamh nas miosa mura bi e air a chur ceart. Gu fortanach, tha muinntir nan eilean glè eòlach air na dòighean as fheàrr air an àrainneachd phrìseil seo a ghleidheadh.

Ach gu mì-fhortanach, tha machraighean ann an cunnart fada nas mothà o blàthachadh na cruinne. Leis cho ìseal 's a tha am fearann, tha dragh mòr ann gum bi cuid mhath dhen talamh as fheàrr anns na h-eileanan an iar, gu h-àraidh ann an Uibhist, fo uisge an ceann caogad bliadhna ma bhios èire na mara a' sìor èirigh. Nì seo e nas dorra do dhaoine bith-beò a thoirt às an talamh, fiù 's mur eil na taighean aca fon uisge. Bidh seo dona dhan Ghàidhlig cuideachd, a chionn 's gur ann anns na sgìrean seo a tha mòran de luchd-labhairt a' chànan.

'S dòcha, ann an ceud bliadhna, gum bi daoine uair eile, a' bruidhinn air drochaidean fearainn a chaidh a sguabadh air falbh ann an eilean a tha a-nis fon mhuir, ach far am b' àbhaist do dh'Uibhist a bhith na laighe mura cuir sinn stad air blàthachadh na cruinne.

- a. Dè thachair dhan drochaid fearainn eadar Uibhist agus Heisgeir?
- b. Dè bha na daoine a' dèanamh ann an Heisgeir?
- c. Dè tha àraid mun ainm Eilean Heisgeir?
- d. Dè th' ann am machaire a rèir na h-earrainn?
- e. Càit am faighear na h-eisimpleirean as fheàrr?
- f. Ainmich **aon** dòigh anns a bheil am machaire cudromach
  - i. do dhaoine
  - ii. do bheathaichean
  - iii. do dh'eòin.
- g. Dè bhios a' sealltainn mar a tha machraighean caochlaideach?
- h. Carson a tha machraighean ann an cunnart cho mòr o blàthachadh na cruinne?
- i. Dè an droch bhuaidh a bhios aig a seo air na daoine a tha a' fuireach sna h-eileanan?
- j. Dè an rabhadh a tha aig an sgrìobhadair sa pharagraf mu dheireadh?
- k. Dè tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri dhèanamh leis a' phìos seo? Cleachd fianais bhon earrann nad fhreagairt.



## Obair 2

Dèan beagan rannsachaидh air Eilean Heisgeir agus cruthaich taisbeanadh le postair no bhidio mu dheidhinn.

- Càit a bheil e?
- Ciamar a gheibhear ann?
- Dè an seòrsa bheathaichean is eòin a chithear ann?
- Dè mu eachdraidh nan daoine a bha a' tuineachadh ann?
- A bheil òrain no dàin ann à Heisgeir a tha inntinneach?
- Cleachd dealbhan is mapaichean airson cur ris an fhiosrachaидh agad.



## Obair 3

Èist ri Julie Fowlis a' seinn an seo. 'S ann à Hesigeir a bha sinnsirean Julie agus tha i air mòran òrain à Heisgeir a chlàradh is a ghleidheadh.

<https://www.youtube.com/watch?v=p3IqWAvvvQE>



## Obair 4

Coimhead air a' phrògram seo far a bheil Julie Fowlis a' dol a Heisgeir airson taigh a teaghlaich a lorg.

<https://www.bbc.co.uk/programmes/p04b1hv7>



## 16. Gàidheil XR



### Obair 1

Coimhead air a' bhidio seo agus freagair na ceistean a leanas.

Anns a' bhidio, cluinnidh tu bho dhiofar bhuill on bhuidheann iomairt Gàidheil XR. Bidh iad a' mìneachadh beagan mun t-srì aca an dà chuid airson na h-àrainneachd agus às leth na Gàidhlig.

<https://www.facebook.com/watch/?v=460176654536027>



- a. Dè th' ann an eathar?
- b. Cò bhios a' faicinn buaidh èiginn na gnàth-shìde am beachd Holly, a' chiad neach-labhairt o Ghàidheil XR?
- c. Dè tha am facial imrich a' ciallachadh?
  - i. a' gluasad à sgìre gu sgìre eile
  - ii. ìre a' chuain ag èirigh
  - iii. daoine a' cur thuige theinntean
  - iv. daoine a' dèanamh truailleadh
- d. Carson a tha Ben, an dara neach-labhairt aig Gàidheil XR, a' smaoineachadh gum bi tuigse nas fheàrr aig Gàidheil air èiginn na gnàth-shìde?
- e. Ciamar a bhios na buill aig Gàidheil XR a' conaltradh mar as trice?
- f. Carson a bha Gàidheil XR a' còrdadh ri Endreas, an treas neach-labhairt o Ghàidheil XR?
- g. Dè an rud brosnachail a tha Evie Waddell ag ràdh mun a h-uile duine rudeigin a dhèanamh airson na strì?
- h. Dè cho fada 's a tha air fhàgail a rèir eòlaichean airson rudeigin a dhèanamh mu bhlàthachadh na cruinne?





## Obair 2

Ann am buidhnean anns a' chlas, dèanaibh aithris air togail fianais le buidheann-iomairt coltach ri Gàidheil XR far a bheil iad a' strì is a' caismeachd às leth na h-àrainneachd.

**Dè an seòrsa  
bheachdan a  
bhiodh iad a' cur  
an cèill?**

**Dè an seòrsa  
mholaidhean a  
bhiodh aca?**

**Dè bhiodh daoine  
air an taobh eile  
ag ràdh?**



Tagh preasantair airson a' phrògram, tagh neach-aithris, agus tagh luchd-labhairt dhan bhuidheann-iomairt, agus duine sam bith eile a bhiodh inntinneach.

Faodaidh sibh seo a chlàradh mar bhidio no mar phod-craoladh.



## 17. Dualchainntean



## Obair 1

Tha thu air tachairt ri mòran briathrachais co-cheangailte ri nàdar agus beathaichean anns an aonad seo. An do mhothaich thu mar a tha diofar fhaclan ann airson cuid de bheathaichean? Anns a h-uile cànan, bidh ainm eile airson bheathaichean ann an grunn de sgìrean. Mar eismipleir - dè th' ann am mula-mhàgag san sgìre agadsa agus dè th' ann an losgann? Ann an cuid de sgìrean, tha am facial sin a' ciallachadh an dearbh rud eile!

Chan eil an seo ach cuid de bheathaichean air a bheil ainmean eile ann an diofar sgìrean. Tha cuid de bheathaichean air a bheil suas ri dusan ainm - tha tòrr air an dòbhran gu h-àraidh.

madadh-allaidh	faol
madadh-ruadh	sionnach
maigheach	geàrr
coineanach	rabaid
tunnag	lach
feannag	starrag
leumadair	muc-bhiorach
trosg	bodach-ruadh
bradan	breac
biast-dubh	dòbhran

## CEIST

cia mheud ainm  
a lorgas tu airson  
dòbhran?



## Obair 2



Dèan rannsachadh air aon bheathach bhon liosta seo agus feumaidh tu an rannsachadh agad a shealltann ann an cruth postair tarraingeach.

- Beathaichean-mara
- Èisg
- Eòin a' mhonaидh
- Eòin-mara
- Beathaichean sa choille



Thoir fiosrachadh leithid:

- Dè an t-ainm saidheansail (mar as trice ann an Laideann) air a shon?
- A bheil ainmean eile ann airson nam beathaichean ann an dualchainntean eile?
- Càit am faicear na beathaichean seo?
- Pios fiosrachadh inntinneach mu gach beathach
- Seanfhacal sam bith mun bheathach
- Dealbhan agus sgrìobhadh soilleir



## 18. Cruth na Tìre

Gàidhlig

Tuiseal Ginideach



Beinn >>>>>>> na beinne



creag >>>>>>> na creige



abhainn >>>>>>> na h-aibhne




tràigh >>>>>>> na tràghad




Obair 1

Airson na dealbhan ann an a, b agus c, cuir na h-ainmean air a' phàirt cheart den dealbh.

A - Beinn



## B - Abhainn



## C - Ri taobh na mara



## 19. Moladh Àite

### Obair 1

Èist ris an òran Eilean Scalpaigh na Hearadh (<https://www.youtube.com/watch?v=gQAdNV2OxIA>) agus leugh na faclan.

Eilean Scalpaigh na Hearadh,  
Eilean maiseach mo ghràidh,  
Eilean torrach nan gleannaibh,  
Nam bealach 's nan càrn;  
Far an robh mi o m' òige  
Air bheag eòlais no cás  
Falbh nan cluaineagan bòidheach  
Tha mu Òb Cheann d' Bhàigh.

Rubha Glas a tha bòidheach  
Thogadh òg ann mi suas;  
Siud mo rogha àite-còmhnaidh  
'M fianais mòr-thonn a' chuain,  
'G eìsteachd alltan a' bhearraidh  
Ruith na dheannaibh a-nuas,  
'S an àm eirigh is laighe  
Ceòl na mara nam chluais.

Tir nan òganan gasta  
Tir nan gaisgeach s nan sàr,  
Tir nam maraichean tapaidh -  
Càit' am facas na b' fheàrr?  
Tir nan òighean tha maiseach,  
Cliùiteach, faic'leach nan gnàths -  
Ann an grinneas s an dealbhachd  
Fhuair iad ainm anns gach àit'.

Meall Chaileaboist tha sgiamhach,  
Àite feuraich gach sprèidh -  
Siud an sealladh as brèagha  
Tha fo iarmailt nan speur,  
Faicinn uain air gach bealach  
Aotrom, ealant' a' leum  
'S eòin an t-slèibh' 's iad ri  
caithream  
Air gach bearradh is gèig.

Na chaidh seachad a linntean  
Sheall iad dilseachd gu bàs;  
Thug iad fàthachd don an Righ ann,  
'S airgead-cinn air bha àrd -  
'M Prionnsa Teàrlach, an t-uasal  
Rinn e suaimhneach ann tàmh,  
'S cha robh neach ann thug suas e,  
Ged bha ruraig air s gach àit'.

Soraidh slàn leis an eilean,  
Eilean maiseach an fhraoich,  
Eilean suairce na Gàidhlig  
Far an do dh'àraicht' na laoich;  
Gu ma slàn leis gach càrnan,  
Gach tràigh agus caol -  
Siud mo dhùrachd 's mo bheannachd  
Do Eilean Scalpaigh mo ghaoil.





## Obair 2

### Leugh Eilean Scalpaigh na Hearadh a-rithist

- a. Lorg na buadhairean a tha air an cleachdadh airson iomradh thoirt air an àite anns an òran.

Eilean Scalpaigh na Hearadh,  
Eilean maiseach mo ghràidh,  
Eilean torrach nan gleannaibh,  
Nam bealach 's nan càrn;  
Far an robh mi o m' òige  
Air bheag eòlais no càs  
Falbh nan cluaineagan bòidheach  
Tha mu Òb Cheann a' Bhàigh

- b. Lorg nas urrainn dhut de dh'ainmearan co-cheangailte ri ainmean-àite agus nàdar anns na rannan uile.

Eilean Scalpaigh na Hearadh,  
Eilean maiseach mo ghràidh,  
Eilean torrach nan gleannaibh,  
Nam bealach 's nan càrn;  
Far an robh mi o m' òige  
Air bheag eòlais no càs  
Falbh nan cluaineagan bòidheach  
Tha mu Òb Cheann a' Bhàigh.

- c. Cuir na sia faclan seo dhan cholbh cheart sa chlàr.

àinean

torrach	càrn	bòidheach	gleann	maiseach	bealach
---------	------	-----------	--------	----------	---------

ainmean	buadhair

## 20. Dèan òran

Dèan fhèin òran molaidh mun sgìre agad fhèin air neo mu àite as fior thoigh leat. Faodaidh tu seo a dhèanamh leat fhèin air neo ann am buidheann.


**Cleachd fonn air a bheil sibh uile eòlach airson ur cuideachadh.**

**Thoir an aire air comhardadh cho math 's as urrainn dhut.**

**Sgriobh na faclan. Clàraich an t-òran.**

**Òrain airson beachd a thoirt dhut ...**

- **Mo Ghleannan Taobh Loch Lìobhann** - <https://www.youtube.com/watch?v=CJT6E4LQkfc>
- **Eilean Fraoch** - <https://www.youtube.com/watch?v=TM8RA64cbGs>
- **Tir a' Mhurain** - <https://www.youtube.com/watch?v=R6xk-w2jSVQ>
- **Chì mi'n Tìr** - <https://www.youtube.com/watch?v=PNFnSX6LJho>
- **Uibhist mo Ghràidh** – [https://www.youtube.com/watch?v=gzs4mVMB\\_3I](https://www.youtube.com/watch?v=gzs4mVMB_3I)
- **Latha Math** - [https://www.youtube.com/watch?v=Yg9xA855s\\_A](https://www.youtube.com/watch?v=Yg9xA855s_A)





**Lorg Eilean air Cost an Iar na h-Alba agus dèan rannsachadh air agus cruthaich pròiseact didseatach no postair mu dheidhinn. Ma tha thu air a bhith san eilean sin, bidh sin glè fheumail airson seo.**

### Feumaidh am fiosrachadh seo a bhith agaibh.

- Cleachd map agus dealbhan airson fiosrachadh a shealltainn.
- Dè tha ainm an eilein a' ciallachadh? Dè an cànan às an tàinig e?
- A bheil far-ainm ann airson an eilein?
- Ciamar a gheibhear ann?
- Dè na prìomh bhailtean san eilean? Cia mheud duine a bhios a' fuireach san eilean? Cia mheud de na daoine sin a bhios a' bruidhinn Gàidhlig?
- Aiteachan inntinneach agus eachdraidheil san eilean. Carson a tha iad cudromach? Seall na h-àiteachan air a' mhap mas urrainn dhut.
- Dè na h-òrain Ghàidhlig a tha co-cheangailte ris an eilean?
- An robh thu riamh anns an eilean seo? Carson a tha thu cho measail air?

### Measadh




Bidh còmhradh agad a mhaireas 4 mionaidean còmhla ris an tidsear mu dheidhinn an eilein/na sgìre a rannsaich thu.



## Eilean Raonaid

Rinn Raonaid an-àird eilean le ainmean-àite stèidhichte air na dh'ionnsaich i fhad 's a bha i ag ionnsachadh mun t-saoghal nàdarra. Tha i air an aire a thoirt do ghnè nam falal agus don tuiseal ghìneadach, an dà chuid boireann agus fireann.



### Obair 1

Tha thu a-nise a' dol a dhèanamh map dhen eilean agad fhèin. Cleachd do mhac-meanmna, 's e sin an aon chìoch a tha air an tìr agad! Coimhead air an ath dhuilleig airson stiùireadh.

### Cleachd co-dhiù ...

Aon ainm-àite le ainm pearsanta fireann.

Aon ainm-àite le ainm pearsanta boireann.

Aon ainm-àite le beathach fireann san tuiseal ghinideach.

Aon ainm-àite le beathach boireann san tuiseal ghinideach.

Aon ainm-àite le falal iolra.

Feumaidh ainm-àite a bhith ann airson beathach-mara, iasg, eun, craobh agus beathach-tìre.

### Feumaidh co-dhiù aon de gach rud an seo a bhith air a' mhap agad cuideachd ...

gleann	cladach	monadh
beinn	abhainn	achadh
croit		srath
coille	cladach	mol
bàgh	abhainn	bealach
bealach	inbhir	machair
	allt	tràigh
	bealach	loch

## **Càit am bi na daoine a' fuireach? Dè na h-ainmean a tha air gach baile is clachan?**

Cleachd dealbhan airson am map agad a dhèanamh tarraingeach. Bidh iad seo glè fheumail gu h-àraidh nuair a bhios tu a' bruidhinn air na h-ainmean-àite anns a bheil beathaichean a' nochdadadh.

Dèan seo air pìos A4 an toiseach ach an uair sin air pìos A3 no pìos A2 fiù 's nuair a tha thu deiseil airson an dreach mu dheireadh a dhèanamh.

### **Slatan-tomhais soirbheachaidh**

- Soilleir
- Gàidhlig mhath le deagh litreachadh
- Dathach
- Clàr-samhla a' sealltainn na tha samhlaidhean a' ciallachadh
- Combaist agus sgèile

Cleachd dealbhan o irisean agus pàipearan-naidheachd mura bheil thu misneachail ann an ealain. Faodaidh tu seo a dhèanamh air a' choimpiutair ma thogras tu agus dealbhan a chleachdadadh o wikicommons.

Cuir na mapaichean aig a h-uile duine air a' bhalla nuair a bhios sibh deiseil.



Leugh an earrann agus freagair na ceistean a leanas.

## Scalpaigh na Hearadh

'S e deagh eisimpleir de mholadh àite a th' anns an òran Eilean Scalpaigh na Hearadh le Seonaidh Moireasdan.

'S e eilean beag a th' ann an Scalpaigh na Hearadh, nach eil ach ceithir cilemeatairean a dh' fhaid agus trì ceud meatair far cost an ear na Hearadh fhèin.

Ged 's beag an t-eilean, tha e glè thrang agus tha a' mhòr-chuid de na daoine an sàs ann an iasgach no tuathanasan èisg mar obair. Bhiodh mòran Scalpaich a' dol gu muir cuideachd, anns a' Chabhlach Mharsantach 's eile. Tha e freagarrach gur e maorach agus maraichean a thug cliù do Scalpaigh oir chan eil cinnt a bheil an Lochlannais airson an eilein "Skalprøy" a' ciallachadh "Eilean nan Creachann" no "Eilean nan Long".

Tha Crìosdaidheachd glè chudromach dha na Scalpaich agus tha dà eaglais air an eilean. Dhùin an sgoil o chionn ghoirid ge-tà, ach tha bùth ann leis a' choimhearsnachd agus tha an t-eilean a-nis ann an làmhan nan daoine cuideachd. Fhathast, feumaidh mòran dhaoine an t-eilean fhàgail airson obair.

'S ann mar sin a bha Seonaidh Moireasdan a rinn an t-òran Eilean Scalpaigh na Hearadh. Bha e a' fuireach ann an iomadh àite ann an Alba fad a bheatha, ach sgrìobh e tòrr òrain a' moladh a dhachaigh fhad 's a bha e beò.

Anns an òran, tha am bàrd a' bruidhinn air na diofar bhuidhean aig an eilean. Tha e a' bruidhinn air òige sa chìad rann agus air a' mhuiр san dara rann. Tha e a' moladh nan daoine san treas agus a' moladh cho math 's a tha am fearann is na seallaidhean sa cheathramh. Anns a' chòigeamh, tha e moladh nan daoine a-rithist, ach a' ceangal ri eachdraidh an àite agus mar a fhuair cuideigin ainmeil o eachdraidh na h-Alba fàilte ann an Scalpaigh.

Cola-deug às dèidh dha na Seumasaidh call aig Blàr Chuil Lodair, thàinig am Prionnsa Tearlach Eideard Stiùbhart air tìr aig Eilean Glas às dèidh stoirm. Chuir am Prionnsa agus na daoine aige seachad ceithir latha anns an eilean a' leigeil orra gur e marsantaich à Arcaibh a bh' annta. Dh'fhuirich e còmhla ris an fhear-taca Dòmhnull Caimbeul fhad 's a bha am fear-iùil, Dòmhnull MacLeòid às an Eilean Sgitheanach, a' feuchainn ri bàta a lorg a bheireadh e air ais dhan Fhraing à Steòrnabhagh.



Nuair a chuala ministearan a bha nan luchd-taic do Riaghaltas Bhreatainn gun robh Teàrlach nam measg, bha iad ag iarraidh a chur an grèim agus an duais mhòr a bha air a cheann fhaighinn, ach a rèir coltais cha robh duine air an eilean deònach a thrèigsinn. Cha d' fhuair Teàrlach bàta ann an Steòrnabhagh ge-tà, agus chaidh e air feadh Leòdhais mus deach e a dh'Uibhist far an do choinnich e ri Fionnghal NicDhòmhnaill, agus a ghabh e an turas ainmeil thar a' chuain dhan Eilean Sgitheanach.

'S e sgeulachd agus òran eile a tha sin, ach tha Eilean Scalpaigh na Hearadh a' tighinn gu ceann anns an t-siathamh rann, a' moladh na Gàidhlig ann an Scalpaigh agus ag innse gu bheil gràdh aig a' bhàrd dhan àite às an tàinig e.





1. Thoir beagan fiosrachaidh mu mheud agus suidheachadh Scalpaigh.
2. Dè na h-obraichean a tha cumanta aig muinntir Scalpaigh?
3. Tha cuid a' creidsinn gu bheil Scalpaigh a' ciallachadh 'Eilean nan Creachann', seòrsa de mhaorach. Tagh an dealbh a tha a' sealltainn creachann.

A



B



C



D



4. Tagh na seantasan a tha flor.
  - i. Tha sgoil fosgailte air an eilean
  - ii. Cha bhi daoine ann an Scalpaigh a' creidsinn ann an Dia idir
  - iii. 'S ann leis a' choimhearsnachd a tha an t-eilean
  - iv. Feumaidh tu a dhol dha na Hearadh airson a dhol dha na bùithtean
  - v. Feumaidh mòran falbh airson obair
  - vi. Tha dà eaglais ann an Scalpaigh
5. Cò tha am bàrd a' moladh sna rannan seo?
  - i. An dara rann
  - ii. An ceathramh rann
6. Dè dh'fhàg am Prionnsa Teàrlach ann an Scalpaigh às dèidh Chùil Lodair?
7. Dè bha Dòmhnull MacLeòid a' feuchainn ri dhèanamh?
8. Cò bha ag iarraidh am prionnsa a ghlacadh?
9. Dè tha am bàrd a' dèanamh san rann mu dheireadh?
10. A bheil an earrann seo èifeachdach? Thoir adhbhar airson do bheachd.



## Tìr nam Beann - Ceann a Tuath na Hearadh

Cluinnidh tu earrann o phrògram o BBC Radio nan Gàidheal 'A-Muigh' far a bheil Calum MacAoidh às na Hearadh ag innse do Fiona NicAmhlaigh mu dheidhinn mar a tha daoine a' cur eòlas air an àrainneachd ann an Ceann a Tuath na Hearadh. Freagair na ceistean a leanas an dèidh èisteachd ris an earrann 2 no 3 thursan.

Airson an earrann èisteachd seo fhaighinn, thalla gu <https://www.storlann.co.uk/fileanta/stuthan-an-tidseir/>

- 1.** Cuin a chaidh na craobhan a chur agus cò chuir iad?
- 2.** Carson a bha daoine a' smaoineachadh nach fhàsadadh na craobhan?
- 3.** Dè tha am feansa a' dèanamh?
- 4.** Dè cho tric 's a bhios na cuairtean a' tachairt?
- 5.** Carson a tha e furasta do dhaoine faighinn a-mach dha na beanntan?
- 6.** Dè tha iad a' sireadh air a' chuairt air a bheil iad?
- 7.** Nuair a thèid iad gu mullach nam beann, dè gheibh iad?
- 8.** Dè tha air ràdh mu Robin an taca ri mòran de mhuinntir na sgìre?
- 9.** Dè tha Fiona ag ràdh anns a' cho-dhùnadh?